

# Meadhanan Sòisealta, Ionnsachadh Didseatach agus Litearrachd Phoilitigeach (60 mion)

## Notaichean stiùiridh

Ghabhadh na slaighdean seo atharrachadh gus an cleachdadh le luchd-ionnsachaidh agus pàrantan.

## Builean

1. Dèan measadh agus bruidhinn air carson a tha na meadhanan sòisealta air a bhith nan inneal iomairt cho cudromach ann an taghaidhean o chionn ghoirid.
2. Bruidhinn air agus comharraich na 5 F-an airson a bhith ag aithneachadh mhearachdan a bu chòir a sheachnadh nuair a thathas a' postadh air meadhanan sòisealta.
3. Dèan coimeas eadar diofar dhòighean air ionnsachadh didseatach a chleachdadh gus sgilean litearrachd phoilitigeach a thogail.
4. Breithnich air ciamar a b' fheàrr a dh'fhaodar deamocrasaidh is com-pàirteachas a bhrosnachadh tro ionnsachadh didseatach.

### 1. Na meadhanan sòisealta agus taghaidhean (10 mion)

- Slaighd 1 - ann am buidhnean bruidhinn air mar a lorgas tu fiosrachadh. Dè a bhios tu a' cleachdadh? Dè na dòighean 's a bheil earbsa agad? Am bi thu a' cleachdadh grunn stòran?
- Tha slaighd 4-6 a' dèanamh sgrùdadh air mar a tha na meadhanan sòisealta a' sìor fhàs follaiseach aig taghaidhean.

### 2. A' bhuidhean a th' aig na meadhanan sòisealta air deasbad poilitigeach (25 mion)

- Seall ri òraid TED X mu na 5 F-an a bu chòir a sheachnadh nuair a tha thu a' postadh air-loidhne. Cleachd na gnìomhan air làrach TED Ed no cleachd slaighd 8 gus meòrachadh air mearachdan a rinn thu fhèin air na meadhanan sòisealta.
- Tha slaighd 8-12 a' rannsachadh dè na h-ùrlaran mheadhanan sòisealta a bu shoirbheachail do gach pàrtaidh anns an Taghadh Coitcheann ann an 2015. A bheil fèill air ùrlar mheadhanan sòisealta sam bith ag innse dad dhuinn mun phàrtaidh agus mu na daoine a dh'fhaodadh bhòtadh son a' phàrtaidh sin?
- Slaighd 13 – faodaidh tu an còmhraidh seo a leudachadh le 3 earrainnean film de mhionaid a dh'fhaid bhon stiùiriche ro-innleachd mheadhanan sòisealta aig Barack Obama.

### 3. Ciamar a bhios daoine òga a' cleachdadh mheadhanan sòisealta? (10 mion)

- Slaighd 14-15 Meòraich, dèan coimeas agus bruidhinn air mar a bhios clann is daoine òga a' cleachdadh mheadhanan sòisealta.
- A bheil thu dòchasach no dubhach mu na comasan a bhith a' cleachdadh mheadhanan sòisealta le daoine òga?

### 4. Sgilean ionnsachaidh didseatach ann an litearrachd phoilitigeach (15 mion)

- Slaighd 16 – ciamar a dh'iarras tu air luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air an Eadar-lìon? Tha WebQuest ga mholadh mar dhòigh air smaoineachadh ceasnachail agus rannsachadh a dhèanamh.
- Slaighd 17 – seall an stòras seo bho Digital Commonwealth, sa bheil mòran mholaidhean practaigeach air mar a bhrosnaichear daoine òga gu bhith a' cruthachadh agus a' dol an sàs ann am meadhanan didseatach.

- Slaighd 18 – molaidhean airson aplacaidean is seirbheisean lìn. Dè na h-aplacaidean is seirbheisean lìn eile a bhios tu a' cleachdadh? Dè an ath aplacaid no seirbheis lìn a dh'fheuchas tu?
- Slaighd 19-21 rannsaich na 5 Còraichean-lìn. Ciamar a chleachdadh tu iad le daoine òga? Ciamar a bhuineas iad ri litearrachd phoilitigeach? An dùil an leasaicheadh iad mar a bhios clann is daoine òga a' gabhail pàirt air-loidhne.